

Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean MG ALBA

14/9/21, 1000-1300

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair) Màiri Kidd
Ailean Dòmhnallach Rhoda NicDhòmhnail
Lisa Annette

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)
Ealasaid Dhòmhnallach (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) [airson puing 7]
Buill air fad [airson puing 7]

1. Leisgeulan

Cha robh gin.

2. Gnothach Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh:

3.1 25/5/21 - aontaichte.

3.2 GAE – comharraichte.

- Thèid cuireadh a thoirt don Mhanaidsear Ionnsachaidh (Sgioba Ionnsachaidh Air-loidhne) gu coinneamh bùird san àm ri teachd.
- Thèid coimhead ri bheil uallach air UEFA dèanamh cinnteach gun robh ìre de chraoladh ann am mion-chànain
- #Càrn – bidh seo dol air bhog nas fhaide air adhart as t-Fhoghar
- Ògmhios – iomairt air leth soirbheachail agus na mhodail a thèid a chleachdadh a' dol air adhart

4. Sgrùdadh dèanadais – KPIs + Aithisg dèanadais Q1 2021/22

- 4.1 Bha pàipear, KPIs agus aithisg dèanadais air beulaibh bhall agus bhruidhinn IMT mun deidhinn, a’ mìneachadh dèanadais ioma-ùrlar BBC ALBA, le fiosrachadh cuideachd mu LearnGaelic agus FilmG, a thuilleadh air Trèanadh agus Outreach airson fios.
- 4.2 Thèid beachdachadh air a bhith a’ taisbeanadh àireamhan YouTube ann an dòigh nas ‘nuanced’.
- 4.3 Thèid soilleireachadh fhaighinn air àireamhan “Non-linear content views”.
- 4.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 4.5 **Gnìomhan:** Instagram: 1) thèid coimhead ri carson a tha lùghdachadh sna h-àireamhan agus 2) thèid coimhead ri targaid de 10,000 luchd-leantainn a chuir mu choinneimh Instagram gus buannachd fhaighinn à bhith a’ stiùireadh dhaoine gu leithid an iPlayer (tro “swipe-up links”) (IMT)

5. Sgrùdadh bhuidseit

a) Aithisg bhuidseit

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh a mhìneachadh.

b) Molaidhean atharrachadh bhuidseit in-bhliadhna (cha robh gin ann sa chairteal seo)

- 5.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

6. Aithisgean nan Stiùirichean

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh adhartais ann an iomairtean anns a bheil oifigearan an sàs agus chaidh deasbad a chumail.

Aithisg an Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair

- 6.2 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.3 Chaidh faicsinneachd Clàr an Fhoghair agus SpeakGaelic a chomharrachadh agus chaidh meal-a-naidheachd a chuir air na sgiobaidhean.
- 6.4 Chaidh a chomharrachadh gu bheil sgioba SpeakGaelic a thuilleadh air sgioba phrògraman na seanail mothachail a thaobh co-ionannachd anns gach nì sa bheilear an sàs.
- 6.5 Chaidh fàilte a chuir air na gluasadan gu ruige BBC ALBA fhaighinn air HD.
- 6.6 Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air na sgiobaidhean air fad airson na deagh cheumannan a tha a’ gabhail àite anns gach àite den obair.

Aithisg an Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh

- 6.7 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.8 Chaidh a chomharrachadh gun tèid an Lèirsinn fhoillseachadh air 27/10/21.
- 6.9 Chaidh a chomharrachadh cho math 's a tha e a bhith a' co-obrachadh le SMO agus gu bheil e mar bhun-stèidh uabhasach math airson co-obrachadh a' dol air adhart.
- 6.10 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.

7. Ro-innleachd na h-ama ri teachd – susbaint ioma-ùrlair

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh, agus a' leantainn air adhart bho choinneamh na Comataidh sa Chèitean, gu bheil clachan-mìle ag èirigh sa bhliadhna ri teachd a bhios a dhìth co-dhùnadh a' bhùird a thaobh maoin. Gus ullachadh airson na co-dhùnaidhean sin bha fiosrachadh mu choinneimh bhuill air ro-innleachd susbaint agus na co-dhùnaidhean ionmhais a tha ag èirigh às sin gus a bheil a' Chomataidh comasach taic a thoirt dhan Bhòrd co-dhùnaidhean ionmhais a ghabhail eadar seo agus an ath bhliadhna.
- 7.2 Chaidh deasbad a chumail gu sònraichte mu chòraichean ball-boise nam ban agus còraichean an SPFL.

Còraichean ball-coise nam ban

- 7.3 Co-theacsa: Le dùil gun tèid còraichean ball-coise nam ban - an dà chuid, an sgioba nàiseanta agus an lìog – a shanasachadh sna mìosan ri teachd tha dùil gur dòcha gur e còraichean ioma-bhliadhnail a bhios ann, a' ruith bho 2022. Bidh barrachd farpais ann airson na còraichean na tha air a bhith gu ruige seo.
- 7.4 Tha suidheachadh còraichean nam ban caochlaideach agus a' gluasad gu luath, le clubaichean san SWPL air ceistean a thogail mu dhiofar eileamaidean m.e. 'exclusivity' agus prìs.
- 7.5 Tha an SWFA air leigeil fhaicinn gum bu chaomh leotha roghainn a bhith ann don luchd-coimhid a thaobh cànan an aithris san àm ri teachd. Tha iad cuideachd air leigeil fhaicinn gu bheil iad am beachd gum biodh modail com-pàirteachais eadar BBC ALBA agus BBC Scotland a thaobh còraichean an sgioba nàiseanta feumail san àm ri teachd.
- 7.6 Nochd BBC Scotland ùidh ann a bhith a' dealbhachadh ro-innleachd a thaobh ball-coise nam ban a tha a' cur ri na tha BBC ALBA a' dèanamh. Ri linn sin dh'aontaich Bòrd na Co-bhanntachd gum biodh e feumail a dhol an sàs còmhla ann a bhith ag ullachadh thagraidhean airson còraichean ball coise nam ban.

- 7.7 San eadar-ama tha BBC Scotland a’ coimhead a bheil cothroman ann co-obrachadh m.e. a thaobh roghainn airson aithris Beurla air geamaichean Sgioba Nàiseanta nam Ban air BBC ALBA tron ‘phutan dearg’.
- 7.8 Air a’ phuuing sin, bha na oifigearan a’ beachdachadh gum bi e riatanach san àm ri teachd a bhith sùbailte gus còraichean ball coise nam ban a ghleidheil airson na seanail. Às aonais sùbailteachd b’ e beachd nan oifigear gum bi e nas doire - ann an suidheachadh far nach eil mòran airgid aig a’ bhuidheann –argamaid a dhèanamh do dh’ùghdarrasan spòrs còraichean a thabhann don t-seanail Ghàidhlig. Ri linn sin bhiodh cunnart ann gun cailleadh BBC ALBA còraichean, agus leis an sin gun cailleadh BBC ALBA deach chothrom daoine às aonais Gàidhlig a thàladh chun na seanail tron ghnè spòrs.
- 7.9 Chaidh a dhaingneachadh gum biodh na prògraman a bha san amhairc (ochd prògraman) a’ dol a-mach air BBC ALBA a-mhàin (chan e simulcast a bhiodh ann) agus gum biodh luchd-coimhid an uair sin a’ taghadh commentary Gàidhlig no Beurla (le BBC Scotland a’ pàigheadh airson an sruth Beurla). Bha ceist ann an cuireadh iad ri cosgaisean nan còraichean.
- 7.10 Chaidh innse gu bheil BBC Scotland airson ball-coise a dhèanamh nas ruigsinneach do luchd-coimhid agus airson a bhith a’ co-obrachadh le BBC ALBA gus sin a dhèanamh comasach.

Còraichean an SPFL

- 7.11 Thig ceist mu chòraichean an SPFL am bàrr sa Ghearan 2022, nuair a tha “option” aig MG ALBA airson bliadhna 2023-24 den Challenge Cup.
- 7.12 A bharrachd air an Challenge Cup, mar as trice bidh an SPFL a’ làimhseachadh chòraichean timcheall air 18-20 mìos mus tig an cùmhnant gu crìoch, ie. Geamhradh 2021.
- 7.13 Leis gur e cùmhnantan gu 2025 a th’ aig an luchd-craolaidh eile, thathas an dùil gum bi an SPFL a’ tabhann sìneadh gu 2025.
- 7.14 Tha Sgioba Phrògraman gu bhith a’ coimhead gu mionaideach air còraichean an SPFL sna mìosan ri teachd.

Deasbad

- 7.15 Sruth le aithris Beurla – nan deigheadh e air adhart, ‘s e BBC Scotland a bhiodh a’ pàigheadh airson sruth le aithris Beurla air sruth BBC ALBA. Cha deigheadh airgead MG ALBA a chosg air sruth Beurla agus tha rannsachadh a dhìth gus dearbhadh a bheil a leithid comasach.
- 7.16 Bhiodh luchd-coimhid fhathast air an tarraing a steach do BBC ALBA agus àrainneachd Gàidhlig. ‘S e pìosan tòisichidh agus crìochnachaidh agus stuthan leth-ùine BBC ALBA a bhiodh air an dà sruth.

- 7.17 Chaidh a chomharrachadh, leis a’ mhòr chuid de na prìomh lìogan a’ craoladh air na seanailean aca fhèin a-nis, gu feumar a bhith cinnteach gun deigheadh luchd-coimhid gu BBC ALBA gus na geamannan fhaicinn – chaidh innse gu bheil còmhraidhean aig ìre tràth ach gu bheil beachd ann gu bheil luach ann an geamannan beò seach deferred.
- 7.18 Chaidh a mholadh gum biodh bun-stèidh ro-innleachdail le BBC Scotland math airson gach pàirt gus co-dhùnadh a dhèanamh air dè an t-seanail a tha a’ libhrigeadh dè chun luchd-amhairc seach a bhith a’ làimhseachadh chùisean air leth. Chaidh innse gu bheileas ann an còmhraidhean aig ìre tràth le BBC Scotland agus gu bheil an t-suidheachadh air leth toinnte agus ag atharrachadh gu luath ach le dùil gun toireadh an tuilleadh co-obrachadh le BBC Scotland buannachd mòra airson an luchd-amhairc, a’ cleachdadh nan cothrom airson cross promotion agus airson a bhith mar phàirt de chraoladh spòrs nam ban ann an Alba.
- 7.19 A thaobh aithisg Magenta (lèirmheas ro-innleachdail air BBC ALBA) chaidh a chomharrachadh gur iad discoverability agus cross promotion na prìomh rudan airson togail orra. Thèid pàipear ullachadh airson a’ bhùird gus mìneachadh a thoirt seachad air na gnìomhan a tha a’ tighinn a-mach às na molaidhean. **(IMT)**
- 7.20 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte
- 7.21 **Gnìomh:** thèid fiosrachadh slàn air beulaibh a’ Bhùird air 28/29 Sultain 2021.

8. Lèirsinn

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ cuimseachadh air conaltradh Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig a thèid fhoillseachadh do luchd-ùidh agus gu poblach air 27/10/21 (deit ùr), a’ mìneachadh na h-innealan conaltraidh ro-innleachdail a thèid a chleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na prìomh theachdaireachdan a tha taobh a-staigh an Lèirsinn a’ ruighinn an luchd-èisteachd cheart, agus a’ ceadachadh deasbad agus com-pàirteachadh.
- 8.2 Chaidh a chomharrachadh gum biodh buaidh air co-dhùnadh DCMS (a thèid a làimhseachadh fo phuing eile air a’ chlàr) air an Lèirsinn.
- 8.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 8.4 **Gnìomhan:** thèid pàipear air beulaibh a’ bhùird air 28/29 Sultain 2021. **(EMD)**

9. Measadh buaidh eaconamach

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh nam prìomh theachdaireachdan bho Mheasadh Buaidh Eaconamach MG ALBA a rinn Ekos.
- 9.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 9.3 **Gnìomhan:** thèid fiosrachadh slàn air beulaibh a’ Bhùird air 28/29 Sultain 2021.

10. GISBE

- 10.1 Le dùil mu fhios bhon DCMS nach biodh an tuilleadh airgid a' tighinn gu MG ALBA bhon Chis Chraolaidh, le briseadh dùil mun mhi-chothromachd an taca ri S4C, chaidh còmhraidh a chumail mun t-slighe air adhart.
- 10.2 **Gnìomhan:** 1) thèid oidhirp a dhèanamh còmhraidhean a chumail sa bhad le Rùnaire na Stàite, Ministear DCMS agus Rùnaire na Stàite airson Alba airson iomairt airson airgid a ghleidheadh; 2) thèid iarraidh air Rùnaire na Stàite dèanamh cinnteach gu bheil briathran taobh a-staigh a' Phàipeir Ghil a' cur cuideam air an Riaghaltas lèirmheas a dhèanamh air craoladh Gàidhlig. **(EMD)**
- 10.3 Leis gur e seo a' choinneamh mu dheireadh den Chomataidh, chaidh taing Cathraiche na Comataidh agus Cathraiche a' Bhùird a nochdadh gu oifigearan MG ALBA agus a' BhBC airson an cuid taic agus airson a bhith a' frithealadh nan coinneamhan agus a' cumail buill fiosraichte thairis air na bliadhnaichean. Chaidh taing Cathraiche a' Bhùird a nochdadh air Cathraiche na Comataidh agus na Cathraichean a bh' ann cheanna.

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: